



Tìotal: Co-ionannachd, Feimineachas agus Sàrachadh Feiseil Pàirt 1: Co-ionannachd agus Feimineachas

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus a bhith air a chleachdadh gu deimhinneach cho math ri àicheil. HWB 4-45a	A' dèanamh sgaradh eadar mì-chothromachd agus mì-chleachdadh cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir spèis, earbsa, fòirneadh, aonta.

Chì sinn cuideachd gu bheil na h-Eòlasan agus na Builean gu h-ìosal freagarrach dhan obair seo; tha iad a' suidhe ann an raon **Sunnd Inntinneil, Faireachail, Sòisealta agus Corporra** an taobh a-staigh de Slàinte is Sunnd. Bhon a tha iad fo dhleastanas nan uile, chan eil Slatan-tomhais co-cheangailte riutha.

- Nuair a tha mi a' rannsachadh nan còraichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còraichean sin a chur an gnìomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòraichean dhaoine eile. HWB 4-09a
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhearsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 4-10a

Amasan ionnsachaidh

- Gun tuig daoine' òga gu bheil cumhachd an taobh a-staigh de dhàimhean.
- Gun smaoinich daoine' òga na tha mì-chothromachd cumhachd ann an dàimhean a' ciallachadh bho thaobh chòraichean gnèitheasach.
- Gum mìnich daoine' òga na tha co-ionannachd gnè agus feimineachas a' ciallachadh dhaibhsan.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na tha co-ionannachd a thaobh gnèitheachas agus feimineachas a' ciallachadh dhòmhsa.
- Tha mi a' leasachadh sgilean agus misneachd gus seasamh an aghaidh neo-ionannachd agus mì-chleachdadh cumhachd.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Tha plana an leasain a' moladh gum biodh e inntinneach rudeigin/suidheachadh a tha a' tachairt an-dràsta air na meadhanan sòisealta agus a tha a' sgrùdadh no a' brosnachadh co-ionannachd gnè no feimineachas a chleachdadh. B' urrainn dhan tidsear/neach-foghlaim agus na daoine òga smaoinichadh mun seo ro-làimh.

Obair

1. Inns dha na daoine òga gum bi sibh a' bruidhinn mu fhireannaich 's boireannaich agus co-ionannachd.
2. **'S urrainn do fhireannaich .../'S urrainn do boireannaich ...** Aig an toiseach, iarr air na daoine òga obrachadh còmhla ri caraidean. Minich dhaibh gu bheil aig gach dithis ri taghadh co-dhiù a bhruidhneas iad air **'S urrainn do fhireannaich no 'S urrainn do boireannaich**. Tha aca ri liosta a dhèanamh airson a' phroinnt goirid. Feuch ri àireamh cho-ionann fhaighinn ag obair air gach liosta. An ceann greis ag obair ann an dithisean, cuir dithisean còmhla airson coimeas a dhèanamh. Till a h-uile duine air ais còmhla agus dèan sgrùdadh: Rudan coltach? Ao-coltach? Carson a tha seo? A bheil gnè neach an-còmhnaidh gan cuingealachadh? No a bheil gnè neach (aig àm sam bith) saorail?
3. **Àm nan ceist:** Cleachd na slaighdean gus obrachadh tro na ceistean. Cleachd còmhradh mar as fheàrr a dh'obraicheas e leis a' chlas/a' bhuidheann – buidheann beaga, a' bhuidheann shlàn, dh'fhaodadh tu beachdan fhaighinn bhon bhuidheann a' cleachdadh an làmhnan (Airson/An aghaidh) no le bhith a' gluasad gu àiteachan sònraichte sa chlasrum (raon de fhreagairtean) agus iarr beachdan sam bith eile a tha daoine airson a thoirt seachad, ag obrachadh tromhpa fear mu seach.

Àm cheistean:

1. A bheil thu a' creidsinn ann an co-ionannachd dhan h-uile neach?
 2. A bheil thu a' creidsinn gum bu chòir do boireannaich agus fireannaich an aon phàigheadh fhaighinn airson an aon obair?
 3. A bheil thu a' creidsinn gum bu chòir do nigheanan is boireannaich agus balaich is fireannaich a bhith sàbhailte nan dachaigh fhèin agus air an t-sràid?
 4. A bheil thu a' smaoinichadh gum bu chòir do bhalaich/fireannaich is nigheanan/boireannaich an aon uiread de dh'obair a dhèanamh aig an taigh?
 5. A bheil thu a' smaoinichadh gum bu chòir do boireannaich agus fireannaich a bhith an sàs ann an togail an cuid chloinne?
4. Cleachd an ath dà shlaighd/teacsa: **Dè th' ann an co-ionannachd?** Leugh iad còmhla ris a' chlas, dèan cinnteach à tuigse, beachdan no ceistean sam bith? Bu chòir gu bheil na daoine òga air sgrùdadh a dhèanamh air a' bhun-bheachd seo roimhe – a bheil na daoine òga a' smaoinichadh gu bheil am beachdan air co-ionannachd air atharrachadh mar as sine a tha iad a' fàs?
 5. Cleachd an slaighd/teacsa: **Tha feimineachas na iomairt gus còraichean co-ionann a thoirt do boireannaich. Tha feimineachas mu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil saorsa aig boireannaich is nigheanan a bhith mar a thogras iad fhèin.** Ciad smuaintean sam bith? Beachdan?
 6. **Obraich tro na slaighdean a tha a' leantainn le tuilleadh teacsa.** Leugh tromhpa agus brosnach còmhradh. A bheil sion a' cur iongnadh ort? A bheil sion ann a tha a' togail ceist no nach eil sibh ag aontachadh ris? (Faodaidh sibh seo a dhèanamh ann am buidheann beaga an toiseach airson gach slaighd no mar aon bhuidheann mòr.)

Tha feimineachas cudromach a-nis oir ged a tha na h-aon chothroman aig fireannaich/balaich agus boireannaich/nigheanan, tha dòighean cudromach ann fhathast sa bheil lethbhreith air a dhèanamh air boireannaich is nigheanan. Mar eisimpleir:

- Ged a tha boireannaich a' dèanamh suas 51% den t-sluagh a tha iad ann am beag-chuid ann an dreuchdan cumhachdach mar BPA (chan eil ach 1 às gach 3 nam boireannaich).
- Faodar toirt air nigheanan a bhith a' faireachdainn nach eil cuspairean sònraichte (mar saidheans no coimpiutaireachd) no cur-seachadan (mar ball-coise no geamaireachd) air an son (faodaidh seo buntainn ri balaich cuideachd).
- Dh'fhaoite gum faigh boireannaich pàigheadh nas lugha na fireannaich airson an aon obair a dhèanamh. Anns a' mhòr-chuid de chompanaidhean mòra tha beàrn pàighidh gnè - mar sin san fharsaingeachd bidh boireannaich a' cosnadh nas lugha na tha fireannaich.
- Ann am mòran theaghlaichean, thathas an dùil gun dèan boireannaich/nigheanan barrachd den obair san dachaigh no cùram-chloinne.
- Gu tric thathas an dùil gum bi boireannaich/nigheanan a' coimhead agus gan giùlan fhèin ann an cuid de dhòighean - gus a bhith mar ghnàth-ìomhaigh de na thathar a' meas boireann.
- Air an làimh eile, nuair a tha e a' còrdadh riutha a bhith gan sgeadachadh fhèin agus a bhith leòmach, faodaidh iad a bhith air an càineadh agus air an coireachadh ma thèid sàrachadh no ionnsaigh a thoirt orra.
- Tha boireannaich is nigheanan nas dualtaiche fulang le sàrachadh feiseil agus fòirneart feise. Faodar a' choire a chur air boireannaich is nigheanan no an nàrachadh nuair a tha iad a' fulang nan rudan sin.

7. **Àm nan ceist/Pàirt 2:** Cleachd na slaighdean gus deasbad a bhrosnachadh, ann am buidhean beaga no mar aon bhuidheann. Airson a' cheist mu dheireadh iarr air daoine' òga còmhraidh a dhèanamh ann am buidheann /le caraaid agus bruidhinn air na leanas:

- A bheil thu den bheachd gu bheil thu nad fheimineach?
- An urrainn do dh'fhear a bhith na fheimineach? Dè tha aig feimineachas ri dhèanamh ri balaich is fireannaich?
- An urrainn dhut smaoinichadh air saoghal anns a bheil boireannaich agus fireannaich co-ionann?

8. Cleachd an slaighd gus innse dha na daoine' òga mu **heforshe**, a chaidh a chur air bhonn leis a' bhuidheann *United Nations Women Solidarity Movement for Gender Equality*. Tha e mu bhith ag obair còmhla ri balaich agus fireannaich gus saoghal nas co-ionanna a thaobh gnè a chruthachadh. Seall an duilleag-dachaigh/làrach-lìn air an Smartboard. Iarr ain na daoine' òga an làrach a sgrùdadh air fònaichean no tablaidean. Faigh ciad bheachdan bhuapa air a' chùis.

9. **Dèanaibh sgrùdadh air rud a tha a' dol an dràsta air na meadhanan sòisealta** a tha a' brosnachadh co-ionannachd-gnè agus/no feimineachas – seall rud a lorg thu no faighnich dha na daoine' òga (ro-làimh?) an aithne dhaibh cùisean, gluasadan no iomairtean a tha a' dol an-dràsta as urrainn dhaibh innse mu dheidhinn agus a chuidicheas gus cùisean an latha an-diugh a sgrùdadh.

10. Airson crìochnachadh, inns dha na daoine' òga gur e sàrachadh feiseil fòcas an ath sheisean.

Beachdan eile

- Cleachad an cartùn/iomhaigh **Equality and Equity**. 'S dòcha gum bi ùidh aig na daoine òga ann a bhith a' smaoinichadh barrachd air co-ionannachd le bhith a' sgrùdadh an diofar eadar co-ionannachd agus ceartas. Tha an cartùn a tha an cois nan stuthan a' sealltainn gu bheil mòran a' smaoinichadh *gu bheil co-ionannachd a' ciallachadh gu bheil a h-uile duine a' faighinn an aon rud, far a bheil ceartas a' ciallachadh gu bheil iad a' faighinn na dh'fheumas iad airson eòlas fhaighinn air co-ionannachd.*
- Nuair a chaidh iomairt **heforshe** a chur air bhog, bhruidhinn an cleasaiche Emma Watson (bho fhilmichean Harry Potter) gu cumhachdach air mar a tha i airson gun gabh fireannaich agus balaich mu chùl na h-iomairt agus obrachadh airson co-ionannachd gnè:
<https://www.youtube.com/watch?v=Q0Dg226G2Z8&feature=youtu.be> (faid 11 mion.).
- Tuilleadh mu Choimisean Co-ionannachd is Còraichean Daonna ann an Alba an seo:
<https://www.equalityhumanrights.com/en/commission-scotland>

Tha na h-aithisgean seo air biathadh a-steach dhan obair ionnsachaidh seo. Bhiodh iad feumail do dhaoine òga a tha a' sireadh tuilleadh fiosrachaidh no a' dol an sàs ann am pròiseactan rannsachaidh:

- The Status of Young Women in Scotland 2018 <http://www.ywscotland.org/wp-content/uploads/2019/05/SYWS18.pdf>
- The Status of Young Women in Scotland 2016: <http://www.ywscotland.org/wp-content/uploads/2017/02/SYWS-2016.pdf>
- Girlguiding Girls Attitude Surveys air am foillseachadh an seo: <https://www.girlguiding.org.uk/girls-making-change/girls-attitudes-survey/>

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh gu pàrantan agus luchd-cùraim mun t-sreath leasan seo.

Mar phàirt den ionnsachadh RSHP againn (Dàimhean, Fallaineachd Feise agus Pàrantachd), tha sinn a' sgrùdadh co-ionannachd, feimineachas agus sàrachadh feiseil. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' bruidhinn mu eòlas fhìreannaich is bhoireannaich sa chomann-shòisealta againn, agus a' smaoinichadh mu na tha feimineachas a' ciallachadh do dhaoine òga an-diugh. Anns an dàrna seisean de dhà, coimheadaidh sinn air sàrachadh feiseil le fòcas air mar as urrainn dhan seo tachairt san sgoil. Tha fiosrachadh math againn mu na cùisean sin bho shealladh bhoireannaich òga ann an Alba air sgàth obair an YWCA agus Girlguiding Scotland. Tha na h-aithisgean an seo ma tha thu airson sùil a thoirt orra.

- The Status of Young Women in Scotland 2018 <http://www.ywscotland.org/wp-content/uploads/2019/05/SYWS18.pdf>
- Girlguiding Girls Attitude Surveys are published here: <https://www.girlguiding.org.uk/girls-making-change/girls-attitudes-survey/>

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Sàrachadh feiseil

Nòtaichean Tidseir

